

An Comunn Gàidhealach

ORGANISERS OF THE ROYAL NATIONAL MOD

Faoilleach 2017 / January 2017

Cuairt-litir a' Chomuinn Ghàidhealaich

An Comunn Gàidhealach Newsletter



Clàr-innse

- Tìodhlac dha ACG bho *The Patron's Fund*2
- Fiosrachadh a thaobh Mòdan.....3
- Earranan Ainmichte 2017.....4
- Mòdan Ionadail.....8
- Co-chomhairle Poileasaidh AÀA.....14
- Mòd Loch Abar.....15
- Maoineachadh airson Gàidhlig ann an Earra-Ghàidheal is Bhòid.....18
- BnG- Stiùireadh airson Foghlam Gàidhlig.....19
- Sgioba Phrògraman MG ALBA
air a neartachadh.....21
- Dè tha Dol- Comunn Gàidhlig Inbhir Nis.....22
- Care for a Cèilidh.....26

Contents

- ACG receives gift from The Patron's Fund.....2
- Mòd Information.....3
- Prescribed Pieces 2017.....4
- Provincial Mods.....8
- Gaelic Place-Name Policy Consultation.....14
- Mòd Loch Abar.....15
- Funding for Gaelic in Argyll & Bute.....18
- BnG Publishes Guidance on Gaelic Education...19
- MG ALBA Appointment Boosts
Creative Team.....21
- What's on- Comunn Gàidhlig Inbhir Nis.....22
- Care for a Cèilidh.....26

**AN COMUNN GÀIDHEALACH A' COMHARRACHADH
TIODHLAC BHO MHAOIN 'THE PATRON'S FUND'**

Tha An Comunn Gàidhealach air tiodhlac £2,500 fhaighinn bho 'The Patron's Fund', maoin carthannais a chaidh a chur air bhonn airson obair nam buidhnean carthannais air am a bheil a' Bhàrnigh na pàtrana a chomharrachadh air a 90mh co-là-breith aice.

Tha timcheall air £750,000 ri fhaotainn eadar faisg air 300 carthannas agus buidnean eile anns an Rìoghachd Aonaichte agus an Co-fhlaitheas. Fhuair a' Mhaoin tabhartasan fialaidh bho grunn luchd-taic: gnothachasan; sgoiltean agus buidhnean coimhlearsnachd.

Bidh An Comunn Gàidhealach a' toirt taic dha "Acadamaidh a' Mhòid" leis an tiodhlac seo.

Gheibh òigridh ann an Sgìre Loch Abar cothrom airson sgilean ciùil agus Gàidhlig ionnsachadh agus a leasachadh le oideachadh proifeiseanta ann an ceòl Gàidhlig, òrain Gàidhlig, bàrdachd agus aithris sgeulachd.

A bharrachd air sgilean ùr ionnsachadh, togaidh Acadamaidh a' Mhòid misneachd agus thathar an dòchas gum faic sinn barrachd clann a' gabhail pàirt aig a' Mhòd anns na bliadhnaichean a tha romhainn.

Gheibhear barrachd fiosraichadh air a' Mhaoin, (Àireamh Catharannais: 1164171), aig:
info@thepatronsfund.org.uk no air loidhne
www.thepatronsfund.org.uk

**AN COMUNN GÀIDHEALACH CELEBRATES £2,500
GIFT FROM THE PATRON'S FUND**

An Comunn Gàidhealach is grateful to have received £2,500 gift from The Patron's Fund, the charitable fund set up to acknowledge the work of the charitable organisations for which Her Majesty The Queen acts as a Patron, on the occasion of her 90th birthday.

Around £750,000 is available to distribute between nearly 300 charities and other organisations in the UK and the Commonwealth. The Fund received generous donations from a range of supporters; including individual donors, businesses, schools, community groups and the proceeds from The Patron's Lunch, the event on the Mall last June.

This gift will support a "Mod Academy", a bequest from the family of the late Charlie MacColl,. The Academy aims to give young people in the Lochaber area an opportunity to learn and develop their music and Gaelic language skills through professional tuition in Gaelic music, song, poetry and storytelling.

As well as developing new skills, the Mòd Academy will build confidence to perform and it is hoped that this will lead to continued development in the language as well as an increase in participants entering the Royal National Mòd in years to come.

For further information on The Patron's Fund (Registered Charity No. 1164171), email info@thepatronsfund.org.uk or visit www.thepatronsfund.org.uk

THE PATRON'S FUND



Fiosrachadh a thaobh Mòdan

Mòd Information

A bheil sibh air tòiseachadh air na h-òrain agaibh airson Mòd na bliadhna-sa fhathast?

Tha earrainnean ainmichte rin ceannach air làrach-lìn a' Chomuinn no faodar na leabhraichean a cheannach anns na h-ofisean againn.

Gheibh sibh liosta de na h-Earranan Ainmichte air an ath dhuilleag.

Have you started to prepare for this year's Royal National Mòd yet?

The prescribed pieces for Mòd Loch Abar 2017 are available to buy via our website or you can buy hard copies from one of our offices.

You can see a list of this year's prescribed pieces on the next page.

Mòdan ri Teachd

Future Royal National Mod Dates

Loch Abar— 13-21 Dàmhair 2017
Lochaber - 13-21 October 2017

Dùn Omhainn— 12-20 Dàmhair 2018
Dunoon - 12-20 October 2018

Glaschu— 11-19 Dàmhair 2019
Glasgow - 11-19 October 2019

Inbhir Nis—Cinn-latha TBC



Earranan Ainmichte 2017 | Prescribed Pieces 2017

If you have any queries, please do not hesitate to contact Mairi MacLeod at mairi@ancomunn.co.uk

Earrann na h-Òigridh | Junior Section

- BEUL AITHRIS—Fileantaich
 - ORALS—Fluent**
 - C22 Tha Dadaidh agus Mamaidh
 - C22A(i) Miosachan
 - C22A(ii) Anns an dorchadas
 - C42(i) Bidh mo sheanmhair a' gearan
 - C42(ii) Deich is a' fàs
 - C42 Uilebheist Eilidh
 - C92 Seòladairreachd
 - C142 An roghainn fhèin (Own Choice)
- BEUL AITHRIS—Luchd-ionnsachaidh
 - ORALS—Learners**
 - C26 Tha bòtannan dearg aig Màiri
 - C26A Feagal an tàirneanaich
 - C49 An teaghlaich againne
 - C49A Àm èirigh
 - C100 An Crom-Lus
- BEUL-AITHRIS—Fosgalite
 - ORALS—Open**
 - C150 An roghainn fhèin (Own Choice)
- ÒRAIN NA CLOINNE—Fileantaich
 - SOLOS—Fluent**
 - C23 Ho fiream foram
 - C23A(i) An tìsear
 - C23A(ii) Chluinn mi na h-eòin
 - C44(i) Maol Ruanaidh
 - C44(ii) Mo ghille dubh
 - C44A Tha smeòrach sa mhadainn chiùin
 - C45 Balaich an iasgaich
 - C45A Màiri Òg
 - C95 Hug ò laithill o ho ro
 - C96 Bràigh Loch lall
- ÒRAIN NA CLOINNE—Luchd-ionnsaciadh
 - SOLOS—Learners**
 - C27 Tha sinn uile toilichte
 - C27A An còineachan
 - C51 Tàladh Thrònairnis
 - C51A Eilean uaine fo cheò
 - C52 Toirt m' aghaidh ri Diùra
 - C52A Buain na rainich taobh Loch Èite
 - C102 Gaol an t-Seòladair
 - C103 A Mhàiri dhonn
- ÒRAIN NA CLOINNE— Fileantaich & Luchd-ionnsachaidh
 - SOLOS— Fluent & Learners**
 - C155 An roghainn fhèin (Own Choice)
 - C156 An roghainn fhèin (Own Choice)
- ÒRAIN CHÒSIREAN— Fileantaich
 - CHORAL—Fluent**
 - C71 Balachan beag a' chuailein bhàin
 - C72 Cairistiona
 - C73 Tha fear am Beinn an t-Slocain Duibh
- ÒRAIN CHÒSIREAN— Luchd-ionnsachaidh
 - CHORAL—Learners**
 - C03 Faoin-thàladh
 - C76 I hiùraibh ò chan eil mi slàn
 - C77 Thoir mo shoraidh thar Ghunaigh
 - C78 Fhuair mi nead na gurra-gùig
 - C173 Fonn air a' ghille dhonn
 - C174 Clò Mhic Ille Mhìcheil
 - C175 Leig dhìot an cadal is tionndaidh riùm
 - C175 Maighdeannan a' Choire Dhuibh
 - C175 Bainne nan Gobhar
 - C175 Air an fhèill
- ÒRAIN CHÒSIREAN— Fileantaich & Luchd-ionnsachaidh
 - CHORAL— Fluent & Learners**
 - C110 Gur moch rinn mi dùsgadh
 - C111 An roghainn fhèin (Own Choice)
 - C111 Mo ghruagach dhonn
 - C112 Bat' an Tàilleir
 - C112 Rachainn a shuirghe air Oighrig
 - C112 Buachaille dubh Fionnaghal

Earann nan Inbheach | Senior Section

- BEUL AITHRIS– Fileantaich & Luchd-Ionnsachaidh
ORALS– Fluent & Learners
A200 Eadar samhradh is foghar
A204 Tilleadh a Hiort
A205 Na Bleideagan
- ÒRAIN AON NEACH– Fileantaich
SOLOS– Fluent
A220 An roghainn fhèin (Own Choice)
A221 An roghainn fhèin (Own Choice)
A222 Alasdair Ghlinne Garadh
A223 Cumha na h-òige
GSL224 Fhir a dhireas am bealach
GSM224 Cead deireannach nam beann
A234 Eilean Cholla
- ÒRAIN AON NEACH– Luchd-Ionnsachaidh
SOLO– Learners
A250 Allt an t-siùcair
A251 An Dubh Ghleannach
SSL254 Mo dhùthaich fhèin
SSM254 Thoir dhòmhsha an gleann
- ÒRAIN AON NEACH– Fileantaich & Luchd-Ionnsachaidh
SOLOS– Fluent & Learners
A271 Eilean Gorm Mhuile
A272 An roghainn fhèin (Own Choice)

- ÒRAIN CHÒISEARAN
CHORAL
A300 Sìne Chaluim Bhàin
(Lorn Shield)
A301 'S e mo bheachd ort, a bhàis
(Lovat & Tullibardine)
A302 Bu chaomh leam bhith mireadh
(Margrat Duncan)
A303 Thug mi 'n oidhche 'n raoir sunndach
(Sherriff MacMaster)
A304 Ho-rò chan eil cadal orm
(Ladies)
A305 Gille mo luaidh
(Ladies)
A306 Tha fear am Beinn an t-Slocain Duibh
Cha tèid mise Mhùgarradh
'S ann a' dol a Ghrùlainn
(Puirt)
A307 Soraidh leis a' bhreacan ùr
(Male)
A308 Poca sil an t-sealgair
Nuair a bha mi 'n Cùl a' Bhealaich
A309 An roghainn fhèin (Own Choice)

Aigeallan Airgid 2017

Feumaidh farpaisich ann an A252 (Mnathan) agus A253 (Fireannaich) òran a thaghadh a tha leantainn air cuspair sònraichte. Airson 2017, 's e 'eileanan' cuspair an òrain dha farpaisean ann an A252 agus 's e 'seòladh' cuspair an òrain dha farpaisean ann an A253.

Silver Pendant Qualifying 2017

Competitors in A252 (Ladies) and A253 (Men) must choose a song which follows a theme which is specified annually. For 2017, the theme for A252 (Ladies) is 'islands' and for A253 (Men) is 'sailing'.



Co-fharpaisean Clàrsach | Clàrsach Competitions

Folio of Mòd test pieces are available from:

Eleanor Marshall, Administrator
Comunn na Clàrsach
Studio G43
Out of the Blur Drill Hall
36 Dalmeny Street
Edinburgh
EH6 8RG
Tel: 0131 554 0212
Email: office@clarsachsociety.co.uk

• JUNIOR COMPETITIONS (UNDER 18)

Solo singing with self-accompaniment

B320: Own choice of two contrasting Gaelic songs with clàrsach accompaniment. Not to exceed 5 mins.

Solo playing—Introductory class for beginners (Up to Grade 1)*

B321: Own choice instrumental piece of Gaelic music.

Solo Playing—Elementary (Grade 1)*

B322: a) Cagaran Gaolach Arr. *Toni Russell*
b) Own choice piece of Gaelic music not to exceed 3 mins.

Solo Playing—Intermediate 1 (Grade 2-3)*

B323: a) Lochaber Reel Arr. *Fiona Rutherford*
b) Own choice piece of Gaelic

Solo playing—Intermediate 2 (Grade 3-4)*

B323A: a) An Rathad gu Loch nam Bairneas
Arr. Eilidh Macleod
b) Own choice piece of Gaelic music not to exceed 3 mins.

Solo playing—Advanced (Grade 5)*

B324: a) The Lochaber Gathering Arr. *Ingrid Henderson*
b) Own choice piece of Gaelic music not to exceed 4 mins

Clàrsach Duet—under 13 yrs

B330: Own choice of a piece or set of pieces of Gaelic music, not to exceed 5 mins.

Clàrsach Duet—13 to 18 yrs

B330A: Own choice of a piece or set of pieces of Gaelic music, not to exceed 5 mins.

Recital Class—Grade 6 and above

B332: Open to any players of gut and/or wire harp. A well balanced 10 minute programme of own choice Gaelic music, to include spoken introductions in Gaelic or English by the competitor, who may include his/her own arrangements.

• SENIOR COMPETITIONS (18 YEARS AND OVER)

Solo playing—Elementary

B325: a) Tha'n Samhradh air Tighinn Arr. *Jean Campbell*
b) Own choice piece of Gaelic music. Not to exceed 3 mins.

Solo playing—Intermediate/Advanced

B326: a) Lochaber No More Arr. *Isobel Mireas*
b) Own Choice Piece of Gaelic music. Not to exceed 3 mins.

Solo singing with self-accompaniment

B327: Own choice of two contrasting Gaelic songs with clàrsach accompaniment. Not to exceed 5 mins.

Clàrsach Duet

B333: Own choice of a piece or set of piece of Gaelic music. Not to exceed 5 mins.

• OPEN COMPETITIONS

Composition Class

B329: An original composition in the Gaelic genre lasting between 3 and 5 minutes, for
a) solo clàrsach in the style of a slow air, pipe march, strathspey, jig, reel or a set of tunes, or
b) voice and clàrsach

In the case of a) competitors may perform their own work or provide a player.

In the case of b) competitors may perform their own work or provide a player and/or singer. A copy of the words (with translation) must be submitted to the Mod office in advance. The quality of the composition will be judged— not the performance. Manuscripts are not required.

Chìthean atharrachaidhean ri Earrainnean na bliadhna seò gu h-ìosal. Cumaibh sùil air an làrach-lìn againn gun fhios nach bidh fiosrachadh eile ann a thaobh na h-earrainnean ainmichte.

You can view changes and amendments to this year's prescribed pieces below. Keep an eye on our website for any further information regarding the prescribed pieces.

A308 (Nuair a bha mi'n cùl a' Bhealaich)

Bar 61, Alto part, first note should be a **low D (so)**

Bar 84, Tenor part, 7th note should be a **high D (so)**

Trail West

8.00f - 12.00m · Dihaoine 5 Cèitean
8.00pm - 12.00am · Friday 5 May

Club Sòisealta na Rèile, Inbhir Lòchaidh, An Gearasdan
The Railway Social Club, Inverlochy, Fort William

Tiogaidean £12 (18+ a-mhàin):
Tickets £12 (18+ only):

Moira: 01397 704846 | 07743110720
Railway Club: 01397 702218

A' togail maoin do Mhòd Sgìreil
Loch Abar le fior hòro-gheallaidh
an cuideachd fear de na
còmhlaín-chèilidh as beòthaire
ann an Alba
**Raising funds for the Lochaber
Local Mòd with a proper West
Coast knees-up in the
company of one of Scotland's
favourite ceilidh bands**



Mòdan Ionadail

Provincial Mòds

Seo na cinn-latha a tha againn gu ruige seo | Here are the dates we have received so far:

Sruighlea Stirling	19– 20 Cèitean May 2017	karenfernrie@gmail.com
Skye Eilean Sgitheanaich	31 Cèitean— 3 Ògmhios 2017 31 May— 3 June 2017	maireadnicolson@btinternet.com
An t-Òban Oban	2—3 Ògmhios June 2017	moiradunlop@btinternet.com
Cille Bharde an Ear East Kilbride	2—3 Ògmhios June 2017	catmacdonald292@btinternet.com
Loch Abar Lochaber	9—10 Ògmhios June 2017	moirarobertson15@gmail.com
Obar Pheallaidh Aberfeldy	9—10 Ògmhios June 2017	pad.gaelicmod@gmail.com
Leòdhas Lewis	13—16 Ògmhios June 2017	peigi@ancomunn.co.uk
Àird nam Murchan Ardnamurchan	16 Ògmhios June 2017	
Inbhir Nis Inverness	16—17 Ògmhios June 2017	secretary@invernessprovincialmod.co.uk
Ìle Islay	2 Sultain 2017	alisongrayislay@aol.co.uk
An Dreòlluinn Mull & Iona	8—9 Sultain September 2017	mullmod@donnadugdale.co.uk

Brot is Milsean | Soup and Pudding

Mòd Ionadail Inbhir Nis | Inverness Provincial Mod

Bidh Meur Inbhir Nis a' cur na làithean a leanas air dòigh airson airgead a thogail airson
Mòd Ionadail Inbhir Nis 2017

The Inverness Branch have set the following dates for Soup and Pudding lunches to raise money for the
Inverness Provincial Mod 2017

Disathairne 11 Gearran | Saturday 11 February 2017

Disathairne 18 Màrt | Saturday 18 March 2017

The Old High St Stephen's Church Hall, Academy Street, Inverness.

£5 Inbhich/Adults £2 Clann/Children



Mòd Nàiseanta Rìoghail Inbhir Nis 2020

Thèid a' chiad Coinneamh de Chomataidh Ionadail (LOC) Mòd Inbhir Nis a chumail 14mh Gearran 2017, 7.30f aig Taigh Bhaile an Athain, 40 Sràid Hunndaidh, Inbhir Nis, IV3 5HR.

Tha an coinneamh seo air a chur air dòigh airson dèanamh cinnteach gu bheil cothrom aig a h-uile duine buill a' Chomataidh Ionadail a thaghadh.

Royal National Mod Inverness 2020

An inaugural Local Organising Committee (LOC) Meeting has been scheduled for 14th February 2017, 7.30pm in Balnain House, 40 Huntly St, Inverness, IV3 5HR.

This meeting is arranged to ensure that all interested parties have an opportunity to select and influence the composition and direction of the Local Organising Committee.

~ All Welcome ~

~ Bidh Fàilte oirbh uile ~



Suipear Burns– Meur Inbhir Nis | Burns Supper– Inverness

Chaidh suipear Burns a chumail ann an Taigh Òsta Waterfront an Inbhir Nis le Meur Inbhir Nis den Chomunn Ghàidhealach air 25mh Faoilleach.

Bha oidhche laghach aig a h-uile duine le biadh air leth math, òraidean agus ceòl.

Thòisich an oidhche le Norrie MacAoidh, an Cathraiche, a' cur fàilte air a h-uile duine agus chum e smachd air an oidhche gu lèir. Chaidh an t-altachadh a ghabhail le Uilleam MacRobbie. Tha Uilleam air a bhith ann an Còmhlan-ciùil Pioba Inbhir Nis airson 50 bliadhna. Chuir e an uair sin fàilte air Iain Caimbeul a chluich na pìoba.

Chaidh na h-òraidean a thoirt seachad le Uilleam MacRobbie, Ailean Caimbeul, Alasdair Watt agus Seonag Anderson.

Bha an oidhche gu math beòthail le ceòl bho Iain Caimbeul, Sine NicAoidh, Douglas Stuart agus òrain is ceòl bho Ross Brindle agus Myra Nic an Aba.

Chaidh £340 a thogail airson Mòd Ionadail Inbhir Nis agus bu mhath leinn taing a thoirt dhan a h-uile duine a thàinig gus taic a thoirt dhuinn. Tha sinn an dòchas gun chòrd an oidhche ribh agus gum faic sinn sibh aig an ath thachartas a bhitheas againn.



The Inverness branch of An Comunn Gàidhealach held a Burns Supper to celebrate Robbie Burn's day on 25th January.

Everyone had a lovely night with fantastic food, songs and speeches.

The night began with Norrie MacKay, who chaired the evening and made sure everything ran smoothly, welcoming guests. The grace was said by William MacRobbie, who was celebrating being in Inverness Pipe Band for 50 years. He then welcomed the fantastic piper, Iain Campbell, who piped for us.

Speeches were then given by William MacRobbie, Allan Campbell, Alasdair Watt and Seonag Anderson.

The night was very lively with music from Iain Campbell, Jean Mackay, Douglas Stuart and songs and tunes from Ross Brindle and Myra MacNab.

The event raised £340 for the Inverness Provincial Mod and we would like to thank everyone who came to support us. We hope you enjoyed the evening and that we will see you at our next event.

A bheil fios agaibh gu bheil duilleagan meadhanan sòisealta aig cuid de na Mòdan Ionadail? Dèanaibh cinnteach gu bheil sibh gan leantainn airson naidheachdan a thaobh na Mòdan aca.

Did you know that some of the Provincial Mods have their own social media pages? Make sure that you are following them for updates about their Mòds.

Glaschu
Glasgow

 [Glasgow Provincial Mòd's Facebook](#)



Gallaibh
Caithness & Sutherland

 [Caithness & Sutherland Provincial Mod's Facebook](#)

Dùn Èideann
Edinburgh

 [Edinburgh Provincial Mòd's Facebook](#)



Clioc air na ceanglaichean airson na duilleagan aca fhaicinn

Click on the links to visit the social media pages



Sruighlea
Stirling

 [Stirling Provincial Mod's Facebook](#)

Uibhist
Uist

 [Uist Provincial Mod's Facebook](#)



Obar Pheallaidh
Aberfeldy

 [Aberfeldy Provincial Mod's Facebook](#)

Inbhir Nis
Inverness

 [Inverness Provincial Mod's Faceook](#)



Ma tha sibh airson tachartas a shanasachd, naidheachdan a sgaoileadh no dealbhan a shealltainn a thaobh a' Mhòd Ionadail agaibh, nach cuir sibh fios thugainn agus cuiridh sinn anns a' chuairt-litir againn e.

If you would like to advertise an event for your Provincial Mòd, share news or send in pictures to be featured in our newsletter please do get in touch.

Foirmean Iarrtas Mòd Ionadail Inbhir Nis rim faotainn a-nis.

Gheibh sibh clàr-obrach Mòd Ionadail Inbhir Nis, a thèid a chumail Dihaoine 16 agus Disathairne 17 Ògmhios bhon làrach-lìn aca agus bho làrach-lìn a' Chomuinn Ghàidhealaich.

Cuideachd, gheibh sibh foirmean airson iarrtasan a chuir a-steach tro phost-d gu rùnaire a' Mhòid.

<http://www.invernessprovincialmod.co.uk/clar-obrach-syllabus/>

Entries for this year's Inverness Provincial Mòd are now open.

The syllabus for the Inverness Provincial Mòd 2017 which takes place on Friday 16 and Saturday 17 June is now available on Inverness Provincial Mòd's and An Comunn Gàidhealach's websites.

You will also find Microsoft Word versions of the individual and multiple entry forms which can be edited electronically and emailed to the Provincial Mòd Secretary when complete.

<http://www.invernessprovincialmod.co.uk/clar-obrach-syllabus/>



Clasaichean Ùra airson inbhich ann am Peairt

Gàidhlig airson Luchd-ionnsachaidh (Ùlpan Ìre 1 - 24)
Bho Diluain 6mh Gearran 7f - 8.30f airson 24 seachdainean
Tha na clasainchean seo saor 's an asgaidh.

New Gaelic Classes for adults in Perth

Beginners Gaelic (Ùlpan Level1: Units 1 - 24)

From Monday 6th February 7.00pm – 8.30 pm for 24 weeks.
North Inch Community Campus, Gowans Terrace, Perth
Please note there is no charge for these classes.

Lorg obair ùr ann an saoghal na Gàidhlig le Obraichean Gàidhlig
Find a new job in the world of Gaelic with Obraichean Gàidhlig

Tadhail air / Visit: www.obraichean.co.uk

Obraichean
Gàidhlig



Còisir Eilean an Fhraoich

**Fo aois 13, sa bhun-sgoil agus
dèidheil air seinn?**

Under 13, at primary school and love singing?

**Airson a bhith ann an còisir a bhios
aig a' Mhòd Nàiseanta?**

Interested in being in a choir that takes
part at the National Mòd?

Thig gu agallamh!

Come and audition!

2f | 2pm



Disathairne 25 Gearran

Saturday 25th February

Talla Lacasdail | Laxdale Hall





Co-chomhairle Poileasaidh Ainm-Àite Gàidhlig

Tha Ainmean-Àite na h-Alba (ÀAA) air am Poileasaidh Ainm-Àite Gàidhlig aca a sgaoileadh airson co-chomhairle, gus cothrom a thoirt dhan phoball beachd a thoirt seachad air an dòigh anns a bheilear a' dèiligeadh le ainmean-àite air feadh Alba.

Mar an com-pàirteachas comhairleachaidh nàiseanta airson ainmean-àite Gàidhlig ann an Alba, bidh ÀAA a' leantainn stiùireadh sònraichte nuair a thathar a' rannsachadh ainm-àite. Tha an stiùireadh seo a' dèanamh cinnteach gu bheil na cruthan Gàidhlig air an aontachadh ann an dòigh eagarrach gu inbhe nàiseanta, mar sin a' neartachadh na buaidh aca air leasachadh is cleachdadhbh na Gàidhlig, agus a' giorrachadh na h-ùine is na mì-chinnte dhaibhsan a bhios a' buileachadh phoileasaidhean a bhios a' gabhail a-steach ainmean-àite Gàidhlig.

Tha barrachd fios rim faotainn bhon làrach-lìn aca: <http://www.gaelicplacenames.org/blog.php>
Gheibhearr lethbhreac PDF den Phoileasaidh Ainm-àite an [seo](#).

Bu chòir freagairtean a chur gu Eilidh Sgaiméal aig ÀAA, tro phost-d (oifis@ainmean-aite.org) no post gu Eilidh Sgaiméal, Ainmean-Àite na h-Alba, Sabhal Mòr Ostaig, Slèite, IV44 8RQ ro **Dhiciadain an 15mh latha den Ghearran 2017.**

*Tha am poileasaidh ann am Beurla a-mhàin an-dràsta. Thèid eadar-theangachadh agus fhoillseachadh gu dà-chànanach nuair a bhios susbaint a' phoileasaidh aontaichte.

Gaelic Place-Name Policy Consultation

Ainmean-Àite na h-Alba (ÀAA) (Gaelic Place-Names of Scotland) have circulated a consultation to give the public an opportunity to have a say on how place-names are dealt with throughout Scotland.

As the national advisory partnership for Gaelic place-names in Scotland ÀAA follow a set of guidelines whilst conducting place-name research. These guidelines are designed to ensure that the Gaelic forms of place-names are determined in a coordinated manner to a national standard, thus strengthening their impact on Gaelic development and usage, and minimising the time and uncertainty for those implementing policies involving Gaelic place-names.

More information is available on their website: <http://www.gaelicplacenames.org/blog.php>

A PDF copy of the draft Gaelic Place-name Policy is available [here](#).

Replies should be sent to Eilidh Sgaiméal at ÀAA, tro phost-d (oifis@ainmean-aite.org) or by post to Eilidh Sgaiméal, Ainmean-Àite na h-Alba, Sabhal Mòr Ostaig, Slèite, IV44 8RQ before **Wednesday 15th of February 2017.**



Bliadhna Mhath Ùr bho Chomataidh Ionadail Loch Abar 2017

Cèilidh na Bliadhna' ùire

Bha oidhche air leth aig a h-uile duine a bha aig ionad Coimhearsnachd Caol airson Cèilidh na Bliadhna' ùire còmhla ri còmhlan-ciùil Sileas Sinclair. Thog sinn £1861.45! Ceud taing dhan a h-uile duine a bha ann.

Hogmanay Cèilidh

A great night was had by all in Caol Community Centre on Hogmanay with the Sileas Sinclair Band. We raised a fantastic total of £1861.45! Thank you to everyone who attended & helped out to make the night such a success.

Oisean a' Mhòid

Tha sinn air a bhith fortanach àite a ghleidheadh taobh a-staigh bùth 'The Buzz Project' air àrd shràid a' Ghearasdan. Gach Disathairne san Dùblachd tha sinn air cèilidh a chumail eadar 2f-4f agus tha sinn a' cur fàilte air luchd-ciùil is luchd èisteachd.

Mòd Corner

We have been fortunate to have been given a place inside The Buzz Project shop on Fort William's High Street. Cèilidhs will take place there between 2pm and 4pm every Saturday in December and we welcome musicians and audiences alike.



March Raffle · *Rafail an Earraich*

In 2017 Lochaber will host the Royal National Mòd, the premier celebration of Gaelic culture!

Ann an 2017 cuiridh Loch Abar fàilte air a' Mhòd Nàiseanta Rìoghail, prìomh fhèis Ghàidhlig na h-Alba!

Why not buy a raffle ticket (or several) to help ensure that Lochaber has the facilities and financial backing to host a Mòd which will be unforgettable for both locals and visitors alike?

The fantastic prizes include:

1st prize: 2 nights' DBB at Moorings Hotel, Fort William - worth £400+

2nd prize: 2 nights' self-catering at Clan Cottages, Oban - worth £250

3rd prize: £150 cash, donated by Bowman Skip Hire, Duisky

4th prize: £150 voucher for House of Clanjamfrie, Fort William

5th Prize: 1 night's DBB in Old Mill Inn, Pitlochry - worth £150

...plus many other amazing prizes!

£1 per ticket – on sale here!

Draw takes place at the Mànran concert in the Nevis Centre,
Fort William, on Saturday 4 March 2017
Concert tickets available from: 01397 700707 – doors open 7.30pm

Additional tickets and returns: 07899696548

Promoter: The Chairperson, Voluntary Action Lochaber, An Drochaid, Claggan Road, Fort William PH33 6PH

MÀNRAN

8PM · 4 MARCH 2017
NEVIS CENTRE
FORT WILLIAM

8F · 4 MÀRT 2017
IONAD NIBHEIS
AN GEARASDAN

WITH SUPPORT FROM
AN CUIDEACHD:

TIDE LINES



HEADLINED BY ROBERT
ROBERTSON, TIDE LINES
ARE ONE OF THE
FRESHEST AND MOST
INNOVATIVE SOUNDS IN
SCOTTISH MUSIC



THE FULL FLOOR CEILIDH BAND

DRIVING TUNES FROM THE
GLASGOW-BASED GIRL BAND,
INCLUDING 2016 YOUNG TRAD FINALIST
HANNAH MACRAE

TICKETS

TIOGAIDH

A-MHÀIN

01397 7

www.neviscen

.co.uk

Y): £15

Maoineachadh airson Gàidhlig a neartachadh ann an Sgìre Earra-Ghàidheal is Bhòid

Tha Comhairle Earra-Ghàidheal is Bhòid air maoineachadh fhaighinn bho Riaghaltas na h-Alba airson cothrom taghadh a thoirt dhan choimhearsnachd air ciamar a b' urrainn don Chomhairle £15,000 a chleachdadh gus "Gàidhlig a neartachadh agus a bhrosnachadh" anns an sgìre.

Tha làrach-lìn air a chruthachadh airson bruidhinn air ciamar a b' urrainn don Chomhairle an airgead seo a chleachdad: <http://tiny.cc/growinggaelic>. Faodaidh sibh beachdan a thogail an seo eadar 24 Faoilleach agus 6 Màirt.

Thèid an dàrna pàirt den phròiseas a chumail eadar 6 Giblean agus 6 Cèitean far an tèid na beachdan deireannadh gu bhòt a' phobail.

Nach tèid sibh gu <https://www.argyll-bute.gov.uk/growinggaelic> airson tuilleadh mun a' phròiseact no cuiribh post-d gu: communitydevelopment@argyll-bute.gov.uk

Funding to help strengthen Gaelic in Argyll and Bute

Argyll and Bute Council has been successful in securing Scottish Government funding to let communities decide how £15,000 could be used to "strengthen and grow Gaelic" across the area.

Ideas on how the money could be spent can be posted and discussed on the on-line site: <http://tiny.cc/growinggaelic> between 24th January and March 6th.

The second stage of the process will run between April 6th and May 6th when members of the public can vote for which of the final ideas should be funded.

To find out more about the project, visit the ideas site directly, see <https://www.argyll-bute.gov.uk/growinggaelic> or contact: communitydevelopment@argyll-bute.gov.uk



Bòrd na Gàidhlig a' Foillseachadh Stiùireadh airson Foghlam Gàidhlig


Dh'fhoillsich Bòrd na Gàidhlig Stiùireadh Reachdail airson Foghlam Gàidhlig o chionn ghoirid. Tha an Stiùireadh a' dèanamh tuilleadh mineachaидh air na cumhachan Gàidhlig a gheibhear ann an Achd an Fhoghlaim (Alba) 2016, agus airson a' chiad uair riamh tha e a' sealltainn gu soilleir dè bu chòir do phàrantan a bhith sùileachadh airson an cuid chloinne ma tha iad ann am foghlam Gàidhlig.

Thathar a' foillseachadh an Stiùridh aig àm nuair a tha cumhachdan ùra gan cur an gnìomh a tha a' neartachadh nan còraichean aig pàrantan a tha airson foghlam tron Ghàidhlig iarraidh airson an cuid chloinne.

A' cur fàilte air an Stiùireadh Reachdail, thuirt Leas-Phriomh Mhainistear na h-Alba, Mgr Iain Swinney: "Tha mi a' cur fàilte air an Stiùireadh seo airson Foghlam Gàidhlig a tha air fhoillseachadh le Bòrd na Gàidhlig. Seo a' chiad turas riamh a tha Stiùireadh den t-seòrsa seo air a bhith ann airson Foghlam Gàidhlig, a tha a' cur an cèill dè bu chòir do dh'ùghdarrasan a bhith lìbhrigeadh agus dè bu chòir do phàrantan a bhith sùileachadh airson an cuid chloinne nuair a thig e gu foghlam Gàidhlig. Bidh an Stiùireadh seo glè feumail don iomairet gus leudachadh a thoirt air foghlam Gàidhlig san ùine air thoiseach agus bu mhath leam a-nis gun cleachdadh gach neach do bhuidheann le com-pàirt ann am foghlam Gàidhlig, an Stiùireadh seo, oir ma nì iad sin nithear adhartas math ann a bhith a' cur foghlam na Gàidhlig air adhart ann an Alba agus ann a bhith toirt taic dha."

Geibh sibh tuilleadh fios bho làrach-lìn Bòrd na Gàidhlig:

<http://www.gaidhlig.scot/bord/education/statutory-guidance/>



Air ullachadh fo Earrainn 9 de dh'Achd na Gàidhlig (Alba) 2005

Bòrd na Gàidhlig Publishes Guidance on Gaelic Education

Bòrd na Gàidhlig has recently published Statutory Guidance on Gaelic Education. The Guidance offers clarification to the Gaelic provisions in the 2016 Education (Scotland) Act and, for the first time, sets out clearly what parents can expect for their children in Gaelic education.

The Guidance coincides with the launch of new powers which strengthen the rights of parents who request Gaelic medium education for their children.

Welcoming the Statutory Guidance, Deputy First Minister, Mr John Swinney said: "I welcome the publication of this Guidance on Gaelic Education by Bòrd na Gàidhlig. This Guidance is a first for Gaelic education, setting out what authorities are expected to deliver and what parents can expect to receive for their children. This Guidance will be valuable for the future growth of Gaelic education and I would now like to see all the key interests using this Guidance and thereby making good progress with promoting and supporting Gaelic education in Scotland."

Please refer to Bòrd na Gàidhlig's website for more information:

<http://www.gaidhlig.scot/bord/education/statutory-guidance/>



Bùth-Obrach Obair-Buidhne leis an Angus Nicolson Trio

10m - 5F, Disathairne 4 Màrt 2017, Colaiste a' Chaistell, Beinn na Faogha

£15 an duine, Fosgalite do chloinn aois 8-18 a bhios a' Frithealadh Fèis Tir a' Mhurain agus/no Fèis Tir an Eòrna.

Chan eil againn ach beagan àiteachan - airson àite a ghlèidheadh cuiribh fòn gu 01851 770 500.

Bidh aig compàirtichean ri ionnstramaidean a thoirt leotha.

Fosgalite do na h-ionnstramaidean a leanas: Bocs-a-ciùil, pìob, Fideag, giotàr, drumaireachd-làimh

Ensemble workshop with the Angus Nicolson Trio

10 -5pm Saturday 4th March 2017, Lewis Castle College, Benbecula.

Entry £15 per person open to ages:

As there are limited places please phone to reserve your place 01851770500

Open to young people age 8-18 who attend the Feis Tir a Mhurain & Feis Tir an Eòrna

Please note- participants will need to bring their own instruments.

Open to the Following instruments: accordion, pipes, whistles, guitar, hand percussion,



University of the
Highlands and Islands
Lewis Castle College

Oilthigh na Gàidhealtachd
agus nan Eilean
Colaisde a' Chaistell



Sgioba Phrògraman MG ALBA air a Nearachadh

Tha MG ALBA air Bill Macleòid, air a bheil mòr mheas aig daoine agus a tha air iomadh duais telebhisein a chosnadh, a chur ann an dreuchd Deasaiche Coimiseanaidh, gniomh a tha a' cur gu mòr ris an sgioba chruthachail a tha air cùl BBC ALBA.

Tha càrsa-beatha fada agus soirbheachail air a bhith aig Bill Macleòid ann a bhith a' lìbhrigeadh nuadh-phrògraman làidir agus aig àrd-ìre airson BBC One, BBC Two, BBC Four, BBC Scotland agus CBBC. Thòisich a bheatha-obrach telebhisein ann am prògraman Gàidhlig far an robh e na stiùiriche airson cuid de shàr phrògraman Gàidhlig, leithid *Na h-Eilthirich, Ran Dan* agus *Gruth is Uachdar*, a choisinn iomadh duais. Bho chionn ghoirid bha e ag obair air raoin farsaing de phrògraman, leithid am prògram comharraichte, *A History of Scotland*.

Thuirt Iseabail Nic an t-Sagairt, Stiùiriche Ro-innleachd is Co-bhanntachd MG ALBA: "Mar bu chòir, tha urram agus meas air Bill mar neach air leth cruthachail a choisinn deagh chliù na dhreuchd. Gu ruige seo tha BBC ALBA air a bhith sàr-shoirbheachail. Gus an t-soirbheas sin a dhèanamh seasmhach tha feum air ìrean nas aìrde de dh'ùr-ghnàthachadh agus de chruthachaileachd bhon sgioba a tha a' lìbhrigeadh prògraman na seanail. Tha an dreuchd ùr seo, agus a bhith a' cur cuideigin le comasan Bill an lùib an sgioba, a' dol a chuideachadh le soirbheas BBC ALBA san àm ri teachd."

Thuirt Bill MacLeod: "Tha mi a' coimhead air adhart gu mòr ris an obair seo aig MG ALBA. Thòisich mo bheatha-obrach ann an telebhisean Gàidhlig agus tha e mìorbhailteach a bhith a' tilleadh gu raon a tha an-dràsta cho làn de thàlant agus de chruthachaileachd. 'S e fior urram a tha seo agus tha mi a' coimhead air adhart ri bhith a' toirt susbaint ùr, làidir gu luchd-amhairc air feadh na dùthcha."

MG ALBA Appointment Boosts Creative Team

MG ALBA has appointed Bill Macleod, the highly respected and multi award winning television professional, as Commissioning Editor, a move which marks significant investment in the creative team behind BBC ALBA.

Bill Macleod has had a long and successful track record in delivering bold, original and high-quality programming for BBC One, BBC Two, BBC Four, BBC Scotland and CBBC. He began his television career in Gaelic programming, where he directed some of the BBC's most popular and critically acclaimed Gaelic titles including *Na h-Eilthirich, Ran Dan* and the multiple award-winning *Gruth is Uachdar*. More recently he has worked on a wide range of programming including landmark series such as *A History of Scotland*.

Iseabail Mactaggart, MG ALBA's Director of Strategy and Partnership said: "Bill is rightly highly regarded and recognised as a hugely creative individual with an outstanding track record. To date, BBC ALBA has been incredibly successful. Maintaining that success will require increased levels of innovation and creativity from the team that deliver the channel's content. The creation of this position, and the addition of someone of Bill's calibre to that team, will help in ensuring the future success of BBC ALBA."

Bill Macleod said: "I'm very excited about taking up this new role with MG ALBA. I began my career in Gaelic TV and it's wonderful to be able to return to an area that's bursting with so much talent and creativity. This is a true privilege and I look forward to helping bring fresh, bold content to television screens up and down the country."





Dihaoine / Friday 17 Am Màrt / March 2017

7.30

'An Taigh Cèilidh'

aig

Comunn Gàidhlig Inbhir Nis

le cuid de shàr sheinneadairean agus luchd-ciùil shaoghal na Gàidhlig!



Annual Gaelic Showcase

In the company of some of Gaeldom's leading singers and musicians,
including James Graham, Sineag MacIntyre, Ellen Macdonald and the Robert Nairn Ceilidh Band.

One Touch Theatre, Eden Court, Inverness

Tickets from: 01463 234 234 £16 / £14

or visit www.edencourt.co.uk



COMUNN GÀIDHLIG INBHIR NIS

Òraid Ghàidhlig: "Dùghall Bochanan"

le Dòmhnaill Meek
Diardaoin 23 an Gearran 19.30
Bun-sgoil Ghàidhlig Inbhir Nis

an-asgaidh. Fàilte dhan na h-uile

COMUNN GÀIDHLIG INBHIR NIS

Gaelic Talk: "Dugald Buchanan"

by Donald Meek
Thursday 23 February 19.30
Inverness Gaelic School

NON MEMBERS WELCOME




An Taigh Ceilidh

Friday March 17 at 7.30pm

One Touch Theatre

Eden Court



"Càite nis a-nochd an tèid mi?

Chan eil cèilidh air a 'Phrèiridh "...

Tickets: £16 / £14 from

01463 234 234

www.eden-court.co.uk

Performing:

Sineag MacIntyre

James Graham

Ellen Macdonald

Murdo Macdonald

Robert Nairn Ceilidh Band

Piper: Euan MacCrimmon

Fear-an-Taighe / MC Allan Campbell



PAIRÈID OIDHCHE SHAMHNA PHÀISLIG 2016

DILEAB MHÒD PHÀISLIG 2013 FHATHAST BEÒ IS NAS MOTHÀ NA RIAMH!

A h-uile bliadhna bho Mhòd Nàiseanta Rìoghail Phàislig 2013, tha Comhairle Rinn Friù air taisbeanadh cho dealasach is a tha iad mun Ghàidhlig a thoirt a-steach ann an tachartasan mòra poblach tro na Pairèidean Oidhche Shamhna aca.


Fo stiùir Ariel Killick bho 2014 – 2016, ghabh barrachd air 400 duine cloinne, òigridh is inbhich bho 9 diofar sgoil, buidheann & coimhearsnachd pàirt ann an obair leasachaiddh is ealain Gàidhlig airson Pairèid Oidhche Shamhna, is e Pairèid Oidhche Shamhna 2016 am fear is fheàrr fhathast is tòrr a' faighinn a' chiad chothrom aca Gàidhlig a chluinntinn agus a ionnsachadh.

"I didn't think about it (Gaelic) much before but now I see it as our national language... I can't wait for next year's parade so I can do it again." Oileanach bho PACE Youth Theatre

Tha pairèidean mar seo gu math èifeachdach air son Ghàidhlig a thaisbeanadh dhan mhòr-shluaigh, amasan a' Curraicealam airson Sàr-mhathais a choileanadh, òigridh a bhrosnachadh gus Gàidhlig ionnsachadh agus daoine a chur a' ghàireachdайн cuideachd!

Ghabh *LearnGaelic* pàirt ann an 2016 agus tha 11 obraichean ealain air obair phàighe fhaighinn tro na pairèidean uile bho 2014 – 2016.

Nach coimhead sibh air a' bhideo goirid seo gus barrachd fhaicinn - <http://www.independentstateofhappiness.com/index.php/gd/buthan-obrach/drama-ealain-sraide>





Paisley Halloween Parade 2016

Paisley Mòd 2013 Legacy Continues Bigger & Better than Ever!

Every year since the 2013 Paisley Royal National Mòd, Renfrewshire Council has shown their commitment to integrating Gaelic into major public events through their yearly Halloween Parades, working with experienced Multi-Disciplinary Artist & Producer Ariel Killick.

Under Ariel's direction, over 400 children, young people & adults from 9 schools, community and arts groups have taken part in bilingual Gaelic parade development and performance work from 2014 – 2016, many of them hearing, learning and using Gaelic for the very first time.



Street Theatre and Spectacle projects are a uniquely effective way of raising the profile of events, affording community participation and public engagement opportunities for all ages with Gaelic, fulfilling a range of Curriculum for Excellence Aims & Outcomes, as well as creating fun, eye-catching, enjoyable events and lasting memories.

LearnGaelic delivered Halloween-themed Gaelic workshops as part of the 2016 events and the Paisley Halloween Bilingual Gaelic Parade projects have also supported paid employment for some 11 arts workers since 2014, as well as numerous local Paisley businesses.

Why not take a look at Paisley's groundbreaking work in this short video - <http://www.independentstateofhappiness.com/index.php/en/workshops/street-theatre-spectacle>


Care for a Cèilidh

Chìthean gu h-ìosal measgachadh de dhealbhan bho feadhainn de na cèilidhean mu dheireadh a chaidh a chumail le Care for a Cèilidh. Taing mhòr dhuibh uile.

Below are a selection of photographs taken at the most recent Care for a Cèilidh events. Thanks to everyone who took part.

<https://www.facebook.com/CareForACeilidh>





EDUCATION INFORMATION MEETING

Wednesday 15th February

Clarkston Halls

Clarkston Rd, G76 8NE

6pm-8pm

All welcome

Have you ever considered bilingual education for your child?

Gaelic Medium Education (GME) is free, inclusive and open to all.

Some of the advantages include:

- **Educational Advantages** (increased curriculum achievement and attainment, easier to learn a third language)
- **Communication Advantages** (wider communication and literacy in two languages)
- **Cultural Advantages** (broader enculturation, a deeper multiculturalism, and two 'language worlds' of experience, greater tolerance)
- **Cognitive Advantages** (thinking benefits – creativity and sensitivity to communication).
- **Character Advantages** (raised self-esteem and security in identity)
- **Economic Advantages** (economic and employment benefits)

Interested? Through the Education (Scotland) Act 2016, it is now possible to request that a local authority provide GME. If you would like further information on this, or are simply curious about GME in general then why not drop in and see us on Wednesday the 15th.

For more information, contact Emma Anderson at

emmaanderson@parant.org.uk.



An Comunn Gàidhealach

Oifis Steòrnabhaigh

Aonad 7a
Sràid Sheumais
Steòrnabhagh
Eilean Leòdhais
HS1 2QN
Fòn: 01851 703 487
Post-d: peigi@ancomunn.co.uk

Stornoway Office

Unit 7a
James Street
Stornoway
Isle of Lewis
HS1 2QN
Phone: 01851 703 487
E-mail: peigi@ancomunn.co.uk

Oifis Inbhir Nis

Taigh Bhail an Athain
40 Sràid Hunndaidh
Inbhir Nis
IV3 5HR
Fòn: 01463 709 705
Post-d: seonag@ancomunn.co.uk

Inverness Office

Balnain House
40 Huntly Street
Inverness
IV3 5HR
Phone: 01463 709 705.
E-mail: seonag@ancomunn.co.uk



Ma tha sibh airson naidheachd no fiosrachadh a chur dhan ath iris den chuairt-litir, cuiribh fios thugainn.

If you would like to contribute anything to one of our future newsletters, please get in touch.

alison@ancomunn.co.uk

01851 703 487

